


# CEILBHINN gnìomhachas agus cur-seachadan

HALÒ! IS MISE **BRÙ-DHEARG**  
AGUS THA MI A' FUIREACH ANN AN  
SUICHEANTAS BAILE GHLASCHU CÒMHLA  
RI MO CHARAIDEAN: AN T-IASG, AN  
CLAG, AGUS A' CHRAOBH. **GABH CUAIRT**  
**CÒMHLA RIUM!**



# UAIREADAIR-GRÈINE

NUAIR A BHIOS A' GHRIAN A'  
DEARRSADH, BIDH AM FAILEAS AG  
INNSE DHUT DÈ AN UAIR A THA E.  
UAIREANNAN BIDH MI A' STAD AN  
SEO GUS COIMHEAD AIR AN UAIR...  
CHA TOIL LEAM A BHITH  
FADALACH!



COIMHEAD SÌOS. BHA  
A' CHLACH CHRUINN  
SEO ANN AM MUILEANN  
O CHIONN MÒRAN  
BLIADHNAICHEAN!

clach-mhuilinn

faileas





# TOBAR SLÀINTE

MÒRAN BHLIADHNAICHEAN AIR AIS, NUAIR A BHA AN TOBAR FHATHAST ANN, BHRIS MI MO SGIATH. ABAIR GUN ROBH E GOIRT! STAD MI AN SEO AGUS DH'ÒL MI BEAGAN UISGE. AS DÈIDH GREISEAG, BHA MO SGIATH SLÀN A-RITHIST!



Seann mhapa agus sgrìobhainnean. Tha iad sin cuideachail do dh'àrc-eòlaichean (ged nach bi "X" ann airson ar cuideachadh, mar as àbhaist!)



# DROCHÀID BHICTORIANACH

THA AN DROCHÀID BHREÀGHA SEO GAD THOIRT AIR AIS GU NA GÀRRÀIDHEAN BOTANIC. THA I MU 130 BLIADHNA A DH'AOIS. 'S TOIL LEAM A BHITH A' GABHAIL FOIS AN SEO NUAIR A BHIOS MI AIR ITEAL!



Daoine spaideil a' gabhail sgrìob do na Botanics. Ach beagan nas fhaide air falbh air bruachan Cheilbhinn, bha tòrr dhaoine eile ag obair gu cruaidh.

# DROCHÀID "HA'PENNY"

AIG DEIREADH AN 19MH LINN, BHA FEUM AIG DAOINE AIR PÀIGHEAD AIRSON COISEACHD TARSAINN AIR AN DROCHÀID SEO! CHA ROBH IAD TOILICHTE IDIR...





# LAD AGUS CARADH

NUAIR A BHA MI NA B' ÒIGE, BHA AN T-UISGE GU MATH LUATH AGUS LÀIDIR AN SEO. BHA E A' DOL DHAN MHUILEANN.



# 60 STEPS

RINN AILTIRE AINMEIL AN STAIDHRE SEO. THA COLTAS GREUGACH AIR NA COLBHAN SNASAIL, NACH EIL? BHA DROCH AID ANN CUIDEACHD. THOG IAD NA RUDAN SPAIDEIL SEO FAD 'S A BHA AM BAILE A' FÀS MÒR MU 150 BLIADHNAICHEAN AIR AIS.



# MUILEANN WOODSIDE

SEO FAR AN ROBH AM MUILEANN! BHA E GLÈ THRANG. ABAIR FUAIM! AGUS BHA TÒRR DHAOINE A' TIGHINN AGUS A' FALBH LE BAGAICHEAN MÒRA LÀN GUAIL, FLÙIR AGUS FÙDAIR...



Gràbhal le Ezekiel Baker. 1803



Ainm an fhactaraidh far an deach na breigichean a dhèanamh

Aig àm cogadh Napoleon, 's e muileann fùdair-ghunna a bha seo





# SPREADADH SEARBAID?

ABAIR SGEULACHD! THA E DO-CHREIDSINNEACH GUN DO TACHAIR AN LEITHID, NACH EIL? GU DEARBH, CHAN EIL A' PHLAIG SEO ANN ACH AIRSON FEALLA-DHÀ! NUAIR A NOCHD I, CHA ROBH FIOS FIÙ 'S AIG COMHAIRLE BAILE GHLASCHU CARSON A BHA I ANN...



1) A bheil thu eòlach air ròlaist mar seo?

2) Dè cho cudromach 's a tha e a bhith faiceallach nuair a tha sinn airson fios fhaighinn mu dheidhinn làrach àrc-eòlach no tachartas ann an eachdraidh?

# CEILBHINN gnìomhachas agus cur-seachadan

**TAING AIRSON CLUICH!**  
**AN ROBH FIOS AGAD GU BHEIL GEAMA EILE ANN? BIDH MO CHARAID AN-T-IASG GAD THOIRT AIR CUAIRT RI TAOBH A' CHÀNAIL.**  
**CHÌ MI A-RITHIST THU!**



